



Highlands and Islands
Airports Limited
Puirt-adhair na Gàidhealtachd
is nan Eilean Earranta

Ro-innleachd Conaltraidh is Com-pàirteachaidh 2021-2026



Clàr-innse

Ro-ràdh	1
Amasan agus cinn-uidhe na Ro-innleachd	2
Ar Luachan	2
Na prionnsabalan conaltraidh agus com-pàirteachaidh againn	3
An aithne chorporra againn	4
A' Ghàidhlig agus a cultar	5
An luchd-ùidh againn	6
Conaltradh agus com-pàirteachadh air an taobh a-staigh	7
Conaltradh agus com-pàirteachadh air an taobh a-muigh	8
Luachadh is measadh	9

Ro-ràdh

Tha pàirt ro-chudromach aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIAL) ann an lionra còmhdhail na h-Alba, ag obair ann an sgìre mhòr, le puirt-adhair roinneil ann am Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh, agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt.

Tha na puirt-adhair a' tort seachad ceangailteachd ro-chudromach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean adhair loidhne-teasairginn agus deatamach ag obair airson cuid de na coimhairsnachdan as iomallaiche ann an Alba.

Tha e cudromach gun co-roinn sinn fiosrachadh, gun iarr sinn beachdan agus gun toir sinn buaidh air beachdan dhaoine. Mar sin, tha sruth fiosrachaiddh dà-shligheach èifeachdach a dhith gus dèanamh cinnteach gu bheil còmhradh le luchd-conaltraidh air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh le adhbhar, soilleir, gu h-onarach, aig an àm cheart agus buntainneach.

Tha an dòigh anns am bi sinn a' conaltradh le ar co-obraichean agus luchd-ùidh, agus an dòigh anns a bheil iad a' conaltradh rinn, aig cridhe na tuigse agus nam beachdan aca air HIAL agus air an àite dheatamach a th' aige. Mar an ceudna, tha tuigse air feumalachdan ar luchd-obrach agus luchd-ùidh aig cridhe libhrigeadh nan seirbheisean againn aig an ire as àirdé agus a' coileanadh iarrtas coimhairsnachd agus chustamairean.

Tha conaltradh èifeachdach fior chudromach ann a bhith a' cumail taic ri, agus a' libhrigeadh, atharrachadh agus aig an aon àm, a' dèanamh cinnteach gum bi an t-seirbheis againn fhathast aig an ire as fheàrr. Feumaidh sinn conaltradh agus com-pàirteachadh a thogail leis na sgiobaidhean againn agus leis na daoine a tha sinn a' frithealadh.

Tha e na amas aig HIAL gum bi cothromachadh-carbon aig na 11 puirt-adhair uile aige. Tha e na rùn againn obrachadh le ar com-pàirticean ann an raon nan seirbheisean adhair gus tursan-adhair taobh a-staigh na h-Alba a dhi-charbonachadh, gus cuideachadh gus targaid Riaghaltas na h-Alba a choileanadh gus a' chiad sgìre seirbheisean-adhair le cothromachadh-carboin a chruthachadh san t-saoghal ro 2040.

Cumaidh an ro-innleachd conaltraidh is com-pàirteachaidh againn taic ris na h-amasan àrainneachdail sin agus cleachdaidh e teachdaireachdan agus gniomhan conaltraidh is com-pàirteachaidh a' cleachdadh dhòighean agus innealan a bhios cuideachail a thaobh nan amasan àrainneachdail againn.



Denise Sutherland

**Denise Sutherland
Ceannard a' Chonaltraidh**

Bidh fòcas aig an obair conaltraidh is com-pàirteachaidh againn air ceithir prìomh thaobhan:

A' fiosrachadh

Bheir sinn am fiosrachadh dhan luchd-obrach agus dhan luchd-ùidh againn a tha a dhith orra - an dàrna cuid gus an obair aca a dhèanamh, no gus tuigse fhaighinn air a' chompanaidh agus gus taic a chumail rithe agus ri a h-amasan, gus fiosrachadh a cho-roinn agus gus aithris air adhartas.

Ag eisteachd

Èistidh sinn ris na co-obraichean agus luchd-ùidh againn agus freagraidh sinn air beachdan air ais.

A' com-pàirteachadh

Ni sinn com-pàirteachadh for-ghniomhach agus curidh sinn fàilte air beachdan fosgalte agus onarach leis na co-obraichean agus luchd-ùidh againn.

A' toirt buaidh

Bidh sinn ag amas air deagh bhuaidh a thoirt air co-dhùnaidhean agus taic a chumail ri eadar-obrachadh agus com-pàirteachadh le co-obraichean agus luchd-ùidh.

Amasan agus cinn-uidhe na Ro-innleachd

Tha fios againn cho cudromach 's a tha na puirt-adhair againn airson ceanglaichean ro-chudromach airson nan coimhearsnachdan iomallach againn agus mar a bhios iad a' cur ri soirbheas sòisealta is eaonamach nan sgirean a tha sinn a' frithealadh. Dh'fhàs seo na b' fhollaisiche buileach nuair a thòisich an galar lèir-sgaoilte tràth ann an 2020.

Thug Covid-19, agus tha e fhathast a' toirt, buaidh mhòr air HIAL agus gniomhachas nan seirbheisean adhair san fharsaingeachd. Bheir an t-ath-bheothachadh üine. Bidh am fòcas againn san ath chòig bliadhna air na seirbheisean agus gniomhan againn ath-thogail. Is e an t-amas a th' againn gun tog sinn air ais nas treasa agus gum bi cothromachadh eadar an t-ath-bheothachadh sin agus na gealltanasan àrainneachdail againn.

Gus seo a dhèanamh, feumaidh HIAL conaltradh agus com-pàirteachadh leantainneach a chruthachadh leis na daoine agus na buidhnean aig a bheil ùidh ann am puirt-adhair, seirbheisean-adhair, an àrainneachd, na coimhearsnachdan ionadail againn, agus a bheir seachad ar seirbheis.

Tha sinn ag amas air dòigh-obrach dhealbhaichte is sheasmhach a libhrigeadh a thaobh conaltradh agus com-pàirteachadh, a bheir comas do chom-pàirtichean agus luchd-ùidh a bhith an sàs gu h-èifeachdach, a' cumail taic ri libhrigeadh priomhachasan ro-innleachdail HIAL, a tha mar bhunait do na pròiseasan co-dhùnайдh againn, agus a tha a' dion agus a' cur ri ar cliù.

Luachan HIAL

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' mìneachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuainn fhìn; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile.



Tha conaltradh èifeachdach ro-chudromach gus luachan HIAL a bhrosnachadh air feadh na companaidh. Tha e cudromach gun taisbean sin agus gun toir sinn aithne do na co-obraichean a tha a' cur luachan HIAL an gniomh tron obair làitheil aca, agus an fheadhainn a tha a' dol thar bàrr gus seo a dhèanamh.

Na Prionnsabalan Conaltraidh agus Com-pàirteachaidh againn

Leanaidh an conaltradh agus com-pàirteachadh againn na prionnsabalan againn a tha a rèir luachan HIAL.

Fosgailte agus Follaiseach

Far an gabh a dhèanamh, bheir sinn am fiosrachadh as coileanta mun bhuidhinn agus mu na seirbheisean againn dhan luchd-ùidh againn, a' cleachdad nan seanailean as iomchaidh. Bidh sinn onarach sna conaltraidhean againn far nach deach inbhean a choileanadh agus far a bheil leasachadh a dhith.

Dà shligheach

Ni sinn cinnteach gun cluinnear guth an luchd-obrach agus an luchd-ùidh againn tro chonaltradh dà-shlighean èifeachdach. Ëistidh sinn, gabhaidh sinn ceuman far a bheil sinn a dhith, agus bheir sinn seachad beachdan air ais.

So-ruigheach

Cuiridh sinn fàilte air conaltradh agus co-obrachadh leis na co-obraichean, luchd-ùidh agus buill a' phobaill. Bidh sinn daonnaン modhail agus càirdeil. Ni sinn cinnteach gu bheil buill a' bhùird againn, àrd-mhanaidsearan agus manaidsearan ionadail againn so-ruigsinneach aig ire chorporra is ionadail.

For-ghniomhach agus Cùramach

Bheir sinn seachad conaltradh agus com-pàirteachadh a tha pongail agus ann an deagh àm gus dèanamh cinnteach gu bheil na co-obraichean, luchd-ùidh agus am poball fiosraichte. Ni sinn cinnteach gu bheil am fiosrachadh as ùire air a cho-roinn le cuideam air a bhith a' togail deagh dhàimhean agus earbsa leis na co-obraichean agus luchd-ùidh againn.

Soilleir agus Cunbalach

Cleachdaidh sinn cànan soilleir agus cunbalach a tha furasta a thuigsinn. Bidh sinn pongail anns a' chonaltradh againn le cuideam air cànan nas soilleire agus nas simplidh. Bidh an obair conaltraidh agus com-pàirteachaidh againn a rèir aithne chorporra HIAL.

An Aithne Chorporra againn

Tha e cudromach gum bi aithne chorporra làidir aig HIAL a tha a rèir càileachd agus luachan na buidhne againn.

Tha iomhaigh chorporra agus brannd againn a' riochdachadh na proifeiseantachd agus a' charactair againn. Tha seo a' gabhail a-steach ar misean, ar lèirsinn agus ar suaicheantas a bharrachd air na luachan againn.

Tha e ro-chudromach gun tèid an aithne chorporra a libhrigeadh gu cunbalach air feadh na buidhne againn. Ach, tha e cudromach gun tèid caratter air leth gach port-adhair againn agus nan coimhearsnachdan a bhios iad a' frithealadh aithneachadh.

Tha an dòigh sam bith sinn a' dèanamh conaltradh na phriomh eileamaid den aithne brannd againn. Bidh na seanailean conalraigheachd againn nan uinneagan dhan bhuidhinn againn gus earbsa a thogail anns na coimhearsnachdan againn.

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL agus tha e cudromach gum bi an iomhaigh chorporra againn a' cur cuideam air an obair ro-chudromaich aig na co-obraichean againn gus dèanamh cinnteach gum bi na coimhearsnachdan againn ceangailte.

Bidh fòcas aig an ro-innleachd againn air a bhith:

- A' cruthachadh stiùireadh brannd corporra soilleir agus cunbalach gus dèanamh cinnteach gum bi coltas proifeasanta agus cunbalach aig sgriobhainnean HIAL agus cleachdadhbh cunbalach de shuaicheantasan corporra thar gach seanail conalraigheachd, a bharrachd air soidhnichean àbhaisteach airson togalaichean agus carbadan.
- Tasglann nan dealbhan againn a leudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil dealbhan is filmean ùra ann airson nam port-adhair is eileamaidean bun-structair taic uile againn. Cleachdaidh sinn na co-obraichean againn gus sgeulachd HIAL innse, a' cleachdadhbh luchd-obrach seach modailean no dealbhan-stoic far an gabh sin dèanamh.



Neach-obrach HIAL

A' Ghàidhlig agus a Cultar

Tha a' Ghàidhlig agus a cultar na pàirt chudromach de choimhearsnachdan, dualchas agus fèin-aithne na h-Alba.

Tha Plana Gàidhlig HIAL airson 2021-2026, a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig, a' mìneachadh mar a bheir sinn taic ri leasachadh na Gàidhlig agus mar a thogas sin a h-iomhaigh air feadh na buidhne agus taobh a-staigh nan coimhearsnachdan againn.

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha.

Bidh fòcas aig an ro-innleachd againn air a bhith:

- A' cumail taic ri iomairean a bhrosnaicheas cleachdad na Gàidhlig, an dà chuid taobh a-staigh na buidhne agus tro ar seanailean air-loidhne a-muigh agus na meadhanan sòisealta againn.
- A' cur ris an uiread de chonaltraidhean corporra dà-chànanach agus a bhith a' foillseachadh priomh sgriobhainnean poblach an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil am branndadh agus na suaicheantas an a' nochdad co-ionannachd meas dhan Ghàidhlig mar a tha air a chur an cèill sa Phlana Ghàidhlig againn.



Coinneamh Bòrd HIAL

An Luchd-ùidh againn

Tha raon eadar-mheasgte de luchd-ùidh aig HIAL, aig a bheil ùidh sna gniomhan, amasan agus poileasaidhean againn, agus/no air a bheil na rudan seo a' toirt buaidh gu dìreach no gu neo-dhireach. Tha àite cudromach aig conaltradh agus com-pàirteachadh ann an stiùireadh luchd-ùidh.

Tha diofar fheumalachdan aig an luchd-ùidh againn agus feumaidh conaltradh agus com-pàirteachadh a bhith a rèir nam feumalachdan aca. 'S e a bhith a' tuigsinn am feumalachdan agus an dòigh as èifeachdaich a bhith a' dèanamh conaltradh leotha an dòigh as fheàrr gus dèanamh cinnteach gum bi an ro-innleachd seo soirbheachail.

Is urrainn luchd-ùidh a bhith a' cur air adhart no a' cur bacadh air pròiseact. Is urrainn stiùireadh luchd-ùidh èifeachdach beachdan fàbharach a bhrosnachadh agus buaidh a thoirt air daoine gus am bi iad taiceil dhuinn.

Feumaidh sinn feuchainn ri ar luchd-ùidh iompachadh le bhith ag èisteachd riutha, agus a' cur aghaidh air na draghan aca agus a' cur às do dh'fhatannan agus a' ceartachadh fiosrachadh céarr.

A bharrachd air na co-obraichean againn aig HIAL, a tha air aon den phriomh luchd-ùidh againn, tha raon farsaing de luchd-ùidh againn, a tha a' gabhail a-steach:

- Coimhearsnachdan / gniomhachasan ionadail
- Ùghdarrasan ionadail
- BPA/BP
- Luchd-siubhail
- Loidhnichean-adhair agus companaidhean eile
- Luchd-ceadachaidh (*concessionaires*)
- Poblach
- Ùghdarris Itealanachd Shiobhalta
- Còmhaghail Alba
- Ministearan/Oifigearan Riaghaltas na h-Alba
- Roinn na Còmhaghail
- Daoine a dh'haodadh a bhith ag obair dhuinn san àm ri teachd
- Buidhnean còmhaghail
- Buidhnean turasachd
- Na meadhanan

Bidh fòcas aig an ro-innleachd againn air a bhith:

- A' mapadh ar luchd-ùidh gus an fheadhainn a chomharrachadh aig a bheil na h-aon amasan, luachan, agus miannan; an fheadhainn aig a bheil cliù a tha an eisimeil a' choileanaidh againn; an fheadhainn air a bheil sinn an urra a bhith a' libhrigeadh na ro-innleachd agus nan seirbheisean againn; agus an fheadhainn a bheir buaidh air càch.
- A' cur priomhachas air na gniomhan conaltraidh agus com-pàirteachaidh leis an luchd-ùidh comharrachte againn gus taic a chumail ri priomh chûisean agus priomh amasan agus pròiseactan na buidhne. A' co-thaobhadh ar modhan conaltraidh, tricead agus libhrigidh gus feumalachdan nan diofar bhuidhnean luchd-ùidh a choileanadh.
- A' conaltradh gu for-ghniomhach, a' dèanamh cinnteach gum bi an conaltradh ceart ann leis an luchd-èisteachd cheart aig an àm cheart. Ni sinn cinnteach gu bheil an com-pàirteachadh againn ann an co-rèir gus dèanamh cinnteach gu bheil e air a libhrigeadh gu cunbalach aig ire a' bhùird, aig ire chorporra, ire roinneil agus ire ionadail.

Conaltradh agus Com-pàirteachadh air an Taobh a-staigh

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra rinn dèanamh cinnteach gun ruith sinn lìonra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig an ire phroifeiseanta as àirde.

Cuiridh sinn cuideam làidir air na conaltraidhean a-staigh againn gus taic a chumail ri ar co-obraichean gus an cluich iad pàirt ghniomhach ann a bhith a' coileanadh nan amasan againn.

Bidh fòcas aig an ro-innleachd againn air àrainneachd a thogail far a bheil co-obraichean a' tuigsinn agus ag aontachadh ri lèirsinn agus amasan HIAL. Tha e cudromach gum bi cultar conaltraidh làidir is fosgalte ann air feadh na companaidh le cuideam air com-pàirteachadh ionadail.

Tha e cudromach gum faigh na co-obraichean againn am fiosrachadh a tha a dhith orra gus an obair aca a dhèanamh gu h-èifeachdach ann an dòigh chunbalach agus ann an deagh àm. Cumaidh sinn oirnn a' cruthachadh bun-structar èifeachdach airson conaltradh a-staigh, le seanailean agus poileasaidhean mar bhunait a chuireas co-roinn fiosrachaidh èifeachdach an comas.

Bidh fòcas aig an ro-innleachd againn air a bhith:

- A' toirt uidheamachd agus cumhachd do mhanaidsearan agus co-obraichean ionadail gus an cuideachadh gus ullach a ghabhail airson conaltradh agus com-pàirteachadh èifeachdach san obair aca agus gus dèanamh cinnteach gun tèid priomh fhiosrachadh agus fios air ais ionadail a libhrigeadh gu cunbalach.
- A' cleachdadh seanailean conaltraidh is com-pàirteachaidh dà-shligheach aig ire chorporra agus ionadail gus ruigsinneachd dhireach a thoirt seachad airson deasbaireachd, gus misneachd co-obraichean a thomhas agus ro-innleachdan a chleachdadh gus dèiligeadh ri raointean iomagain.
- A' toirt cothrom dìreach air buill Bòrd HIAL agus air an Àrd-sgioba Stiùridh do cho-obraichean tro shreath de sheiseanan conaltraidh prògramaichte, a' cleachdadh measgachadh de sheiseanan aghaidh-ri-aghaidh agus bhiortail.
- A' cumail taic ri bhith a' cruthachadh cultar proifeiseantachd agus leasachadh leantainneachd tro bhith a' sgaoileadh deagh chleachdadh agus na dh'ionnsaich sinn. Comharraigidh sinn soirbheas agus euchdan nan co-obraichean againn.
- A' cruthachadh plana conaltraidh agus com-pàirteachaidh gus luachan HIAL a chur am follais, a' gabhail a-steach grafaigean, sgriobhainnean, agus brosnachadh dealanach. Bheir sinn aithne do na co-obraichean a tha a' cur luachan HIAL an gniomh tron obair làitheil aca, agus an fheadhainn a tha a' dèanamh barrachd na dh'fheumas iad gus seo a dhèanamh.

Conaltraidh agus Com-pàirteachaidh air an Taobh a-muigh

Tha taic ri, agus com-pàirteachadh luchd-ùidh HIAL air an taobh a-muigh ro-chudromach a thaobh amasan agus soirbheas fad-ùine HIAL. Mothachail air sin, tha e cudromach gun cuir sinn ri earbsa agus misneachd ann an HIAL agus gun tog sinn tuigse air an obair ro-chudromach againn, air an ro-innleachd againn, air na dùblain againn agus air na coileanaidhean againn.

Bidh na teachdaireachdan againn mar bhunait dhan obair conaltraidh agus com-pàirteachaidh air an taobh a-muigh. Aig ire a' bhùird agus aig ire chorporra, cruthaichidh sinn aithris chunbalach agus chreideasach gus dèanamh cinnteach gu bheil HIAL air a chur san àite cheart gu h-èifeachdach a thaobh an luchd-ùidh againn air an taobh a-muigh. Aig ire ionadail, cleachdaidh sinn teachdaireachdan cunbalach gus obair ro-chudromach HIAL a mhineachadh, chan ann a-mhàin ann a bhith a' toirt taic do na ceanglaichean riatanach agus na seirbheisean loidhne-teasairginn a tha deatamach airson nan coimhearsnachdan againn, ach cuideachd a thaobh na tha na puit-adhair fa leth againn a' cur ris an sgire ionadail aca.

Mar bhuidheann phoblach le dleastanasan còmhaghail adhair airson sgire mhòr ann an taobh a tuath na h-Alba, tha e cudromach gun dèan sinn conaltradh agus com-pàirteachadh le luchd-ùidh poilitigeach aig ire nàiseanta agus ionadail. Feumaidh HIAL com-pàirteachadh a dhèanamh air feadh nan raointeann poilitigeach gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn cur ri, agus taic a chumail ri, poileasaidh na RA, na h-Alba agus nan ùghdarrasan ionadail a tha a' toirt buaidh air an obair is air na h-amasan againn.

Tha na meadhanan – an dà chuid meadhanan didseatach agus meadhanan craolaidh is clò-bhualte traidseanta – fhathast nan seanailean conaltraidh cudromach do HIAL. Tha iad a' ruigsinn cuibhreann mhòr de shluagh sgire HIAL agus tha buaidh nach beag fhathast aca air priomh luchd-ùidh agus luchd-dèanamh cho-dhùnaidhean air an taobh a-muigh.

Bidh fòcas aig an ro-innleachd againn air a bhith:

- A' toirt uidheamachd agus cumhachd do mhanaidsearan ionadail gus an cuideachadh gus uallach a ghabhail airson conaltradh agus com-pàirteachadh le luchd-èisteachd air an taobh a-muigh, a' gabhail a-steach choimhearsnachdan ionadail, luchd-poilitigs ionadail agus nàiseanta, agus iadsan aig a bheil üidh ann an HIAL agus puit-adhair ionadail.
- A' toirt seachad aithris shoilleir agus chunbalach gus dleastanas, adhbhar agus amasan HIAL a mhineachadh. Ni sinn cinnteach gu bheil na teachdaireachdan againn a' taisbeanadh slighe HIAL agus toradh ar cuid obrach, a' cur fòcas air na co-obraichean againn a tha a' toirt seachad na seirbheis againn.
- Bidh dòigh-obrach fhor-ghniomhach againn a thaobh na bhios sinn a' toirt seachad do na meadhanan ionadail agus nàiseanta, a' toirt seachad sgeulachdan agus altan sònraichte air an obair againn le làn phàipearan ullachaидh. Cumaidh sinn oirnn a bhith fosgalte agus onarach agus sgaoilidh sinn fiosrachadh a tha an dà chuid fabharach no a dh'fhaodadh a bhith connspaideach, gus am bi am fiosrachadh as ùire aig an luchd-ùidh againn air an taobh a-muigh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh agus com-pàirteachadh air an leabachadh mar phriomh gniomhan aig a' bhuidhinn. Leasaichidh sinn an luchd-labhairt againn aig ire bùird, chorporra agus ionadail gus am prògram conaltraidh is com-pàirteachaidh againn a mheudachadh agus gus conaltradh is com-pàirteachadh èifeachdach a libhrigeadh do na meadhanan agus luchd-ùidh.



Luachadh agus Measadh

Cuidichidh a bhith a' cumail sùil air agus a' measadh a' chonaltraidh againn le bhith a' cur ri èifeachdas a' chonaltraidh againn, ri cho èifeachdach 's a tha an com-pàirteachadh againn leis na co-obraichean agus luchd-ùidh againn agus tha seo gar cuideachadh gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ris an ro-innleachd, ris na teachdaireachdan no gniomhan againn.

Tha grunn dhòighean air soirbheas conaltradh is com-pàirteachas a mheasadh.

Tha dòighean a' gabhail a-steach buidhnean fòcais, tachartasan com-pàirteachaidh, a' cumail sùil air na meadhanan, slighean fios air ais, builean air an làraich-lin agus an eadra-lion, agus com-pàirteachadh air na meadhanan sòisealta.

Agus a cheart cho cudromach ri seo, nì sinn slatan-tomhais gus comes a dhèanamh eadar sinn fhèin agus com-pàirticean agus gus ionnsachadh bho na tha iad a' déanamh.

Nì sinn aithisg sgrùdaidh meadhanan làitheil agus curidh sinn seo còmhla mar aithisg mhiosail gus taisbeanairean a chur ann a thaobh tòna a tha fàbharach, neodrach no neo-fhàbharach.

Nì sinn aithisg measaidh meadhanan sòisealta gach mìos gus ruigsinneachd, eadar-obrachadh agus àireamh an luchd-leantainn aig seanailean meadhanan sòisealta HIAL a chlàradh.

Tomhaisidh sinn eadar-obrachadh le co-obraichean le bhith a' cumail sùil air inntrigeadh ri HIAL Hub, an lònra eadra-lin againn, foillseachaidhean air an taobh a-staigh agus cuairt-litrichean agus tachartasan com-pàirteachaidh luchd-obrach an dà chuid aig an ire chorporra is ionadail.

San aon dòigh, nì sinn measadh air èifeachdas a' chonaltraidh agus com-pàirteachadh luchd-ùidh againn, tro bhith an làthair agus an sàs aig tachartasan corporra is ionadail, àireamh agus tòna litrichean / puist-d a gheibhear san pharsaingeachd agus a thaobh cuspairean sònraichte no aithisgean foillsichte.

Siridh sinn fios air ais, an dà chuid gu foirmeil is gu neo-fhoirmeil, mar eisimpleir tro shuirbhidhean, ceistean direach aig tachartasan agus ann am beachdan air ais agus molaidhean cruthachail airson leasachaidhean.

Bu chòir beachd sam bith air an ro-innleachd seo a chur gu Ceannard a' Chonaltraidh aig communications@hial.co.uk.



Luchd-obrach HIAL



Highlands and Islands
Airports Limited
Puirt-adhair na Gàidhealtachd
is nan Eilean Earranta

© 2021 Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean
Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean | Àrd-oifis: Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis, Alba, IV2 7JB